

## A' CUR CRUTH ÙR-NUADH AIR GACH RUD

### Feumaidh ar Curaicealam a bhith na Churaicealam Ana-gràin-chinnidheach

Ag èirigh on [Phrògram Ana-gràin-chinnidheachd ann am Foghlam](#), chaidh na Prionnsapalan Curaicealam Ana-gràin-chinnidheach a dhealbhadh gus taic a chumail ri luchd-foghlaim, luchd-ceannais agus luchd-ionnsachaidh le tuigsinn dè bhios curaicealam ana-grain-chinnidheach a' ciallachadh ann an gnìomh.

Cleachdar na Prionnsapalan gus taic a chumail ri ionnsachadh proifeiseanta, còmhradh agus meòrachadh airson luchd-obrach agus fèin-mheasadh. Tha iad a' brosnachadh co-dhealbhadh curaicealam ana-gràin-chinnidheach le luchd-ionnsachaidh. Gheibhear eisimpleirean de chleachdad agus de thaic aig an làrach-lìn seo:

<https://blogs.glowscotland.org.uk/glowblogs/promotingraceequalityandantiracisteducation/home/scotlands-curriculum/>

#### Bidh ar clann agus daoine òga:

1. A' cur eòlas air curaicealam a tha ag aithneachadh gu ceart agus a' riochdachadh gu cothromach nan coimhearsnachdan iongantach agus diofraichte ann an Alba is air feadh an t-saoghail.
2. A' tugisinn agus a' sgrùdadh àite na h-Alba ann an tachartasan eachdraidheil an t-saoghail, a' toirt a-steach traileachd thar a' Chuain Shiar agus eachdraidhean colonaidheach, agus a' bhuaidh leantainnach aca san latha an-diugh.
3. Ag ionnsachadh agus a' rannsachadh thachartasan san àm a dh'fhalbh agus san latha an-diugh ann an dòigh a bhios a' togail air seallaidhean is sgeulachdan nach eil a' faighinn aithne gu leòr.
4. A' faireachdainn sàbhailte agus misneachail a bhith a' co-dhealbhadh an curaicealaim bho na seallaidhean pearsanta aca agus bho shealladh an t-saoghail nas fharsainge.
5. Nan saoranaich den t-saoghail le sgilean smaoineachaidh sgrùdaich a chuireas an aghaidh claon-bhreith agus leth-bhreith tro bhith a' tuigsinn agus a' mothachadh ri modhan, cleachdaidhean agus pròiseasan a dh'adhbhraicheas ana-ceartas san t-saoghal.
6. Ag ionnsachadh an diofair eadar gràin-cinnidh neach fa leth agus gràin-cinnidh siostamach, na buaidhean aca, agus mar a bhios iad a' ceangal no ag eadar-gheàrradh le ana-ceartas de sheòrsa eile.
7. A' faighinn taic gus meòrachadh air suidheachaileachd, pribhileid agus cumhachd, agus a bhith a' dìth-ionnsachadh claon-bhreith, leth-bhreith agus co-roinnteachd.

8. Ag ionnsachadh gu bheil a' chòir aig gach neach a bhith gan dìon o ghràin-cinnidh agus leth-bhreith, agus bidh iad gam bronsachadh gus dùbhlàan a chur an aghaidh briseadh a-steach air a' chòir sin.
9. Gan neartachadh gus dòighean ùra airson a bhith còmhla san t-saoghal a thoirt gu buil tro bhith a' luachadh is a' brosnachadh co-fhaireachadh, dlùth-phàirteachas agus daonnachd co-roinnte, rudan a tha gu tric gam buaireadh le gràin-cinnidh siostamach.

**Bidh ar luchd-teagaisg is ceannardan:**

10. Dileas do dh'ionnsachadh proifeiseanta agus pearsanta gus ìrean àrda de litearachd-cinnidh a leasachadh.
11. A' sgrùdadadh agus a' cur dùbhlàan gu gnìomhach an aghaidh gach seòrsa de ghràin-cinnidh ann am gnàthsan, goireasan, beachdan, cleachdaidhean agus pròiseasan.
12. A' meorachadh air am beachdan agus claoen-bhreithean, na fèin-aithneachan cinnidh is sòisealta aca is aig càch, agus a' beachdachadh air a' bhuaidh aig seo air na cleachdaidhean proifeiseanta aca.
13. A' faireachdainn misneachail gus curaicealam ana-gràin-chinnidheach a theagasc agus taic a chumail ri luchd-ionnsachaidh a bhith ana-gràin-cinnidheach.
14. A' co-dhealbhadh agus a' cur an gnìomh curaicealam a bhios a' cleachdadh bheathannan is eòlas luchd-ionnsachaidh mar bhun-stèidh toiseach-toiseachaidh, agus gu gnìomhach a' sìreadh 's a' cur an-sàs farsaingeachd de sheallaidhean, theacsainean, fhèin-aithneachan agus guthan.
15. A' togail cultar ana-gràin-cinnidheach far an gabh bruidhinn air gràin-chinnidh gu fosgailte, gu h-onarach agus le ìrisleachd, agus deònach a bhith fosgailte do mhearachdan 's aig an aon àm a bhith cunnatachail airson nan gnìomhan aca fhèin.
16. A' taisbeanadh ceannas pearsanta agus cruinnichte thar siostam an fhoghlaim, an dà chuid le bhith ag àrdachadh cultar ana-gràin-chinnidheach gu gnìomhach agus a' cur taic ri daoine a fhuair eòlas air gràin-chinnidh.
17. A' dìon an aghaidh gràin-chinnidh agus leth-bhreith, a' tuigsinn gu bheil iad sin nan stòras cròn èiginneach airson luchd-ionnsachaidh, co-obraichean, teaghlaichean, luchd-cùraim, agus buill den choimhairsnachd nas fharsainge. Bidh gràin-chinnidh ga thuigsinn ann an coi-theacs nan slatan-tomhais GIRFEC, còraichean chloinne, is còraichean daonna.